



CALL NA H-IOLAIRE

EILEAN LEÒDHAIS ~ 1919

5.00f: Oidhche na Bliadhn' Ùire 1918 - trèana a' dol tarsainn na Gàidhealtachd.



Ceudan de mharaichean a' tilleadh bhon Chogadh Mhòr.

Glè mhath, seas san loidhne sin. Na gluais. Caillidh tu d' àite.



7:00f: Stèisean-rèile a' Chaoil, Oidhche na Bliadhn' Ùire 1918.

Cà'il thu a' dol?

Steòrnabhagh

Cùm ort!



Ceart, a Murchaidh. Dèan cabhag no falbhaidh i às d' aonais ...

Cus dhaoine an seo. Tha mise falbh. Tìoraiddh, a Sheonaidh. Chì mi an Steòrnabhagh thu!



7:10f: Tha Murchadh a' feitheamh gu foighidneach is ceudan de mharaichean a' ruigheachd air trèanaichean à Inbhir Nis.




7:15f: Tha Murchadh an dòchas nach tèid a ghlacadh, 's e a' fàgail an Sheila agus a' dol air bòrd an Iolaire.

9:00f: An Lìghe Ratharsaireach - eadar Ratharsair, Rònaigh agus tìr-mòr, Oidhche na Bliadhn' Ùire 1918.

Tha an Cuan Sgìth air thoiseach oirnn, tha sinn air an t-slighe ...

Siud an Iolaire a' dol seachad.




Tha a h-uile duine air bhioran 's iad air a' cheum mu dheireadh den turas dhachaigh.

7:30f: Sheòl HMY Iolaire.

STEÒRNABHAIGH

CAOL LOCH AILLSE


Aig làn astar! Tha sinn a' dèanamh air an dachaigh.



10:00f: Tha grèim teann aig Murchadh air an rèile 's an Iolaire a' tulgadh san t-suaile.



Seadh, tha a' ghaoth ag èirigh, a Mhurchaidh. Seall na suailichean. Sin agad solas an Tiumpain. Chan eil sinn fad às. Nì sinn deiseil . . .




AN CUAN SGÌTH

AN T-EILEAN SGITHEANACH

A stiùireadair, 5 puingeann gu clì.

12.00m, 1d Faillleach 1919: A' Mhaoil - a' tighinn faisg air Steòrnabhagh.



Thoir an aire air an deic. Na tuit dhan mhuir. Chan fhaic sinn thu sa chathadh seo.

Tha e dorcha, is fir a' cruinneachadh airson solais Steòrnabhaigh fhaicinn.

12.30m, 1d Faillleach 1919: HMY Iolaire a' tighinn faisg air Steòrnabhagh 's an aimsir a' dol nas miosa.



EILEAN LEÒDHAIS

STEÒRNABHAIGH

A Liefteanant Cotter, gabh thusa comannnd.

Mu dheireadh thall, tha mi air tilleadh. Chi mi Anna is Iain, 's a' chlann, agus gabhaidh mi drama bheag.

Tha Murchadh gu h-ìosal.



1.30m, 1d Faillleach 1919: HMY Iolaire a' treabhadh tron mhuir gharbh. Tha i glè fhaisg air Steòrnabhagh a-nis.

FIOSRACHADH

Fhreagair mu 2,340 Leòdhasach, a' chuid as motha aca nam maraichean, a' ghairm a dhol a Steòrnabhagh airson deisealachadh gu dhol a chogadh ann an Cùl-chuideachd a' Chabhlaich Rìoghail.

Aaah! Tionndaidh! 45 puingeann gu clì. Tha sinn a' dol air na sgeirean!

BIASTAN THUILM

Tha colbh mòr a' comharrachadh nan sgeirean ainmeil, 'Biastan Thuilm'.

Bha call uabhasach ann nuair a chaidh HMY Iolaire ro fhaisg air na sgeirean san dorchadas.



1:50m, 1d Faillleach 1919: Gu mì-fhortanach chaidh an Iolaire air a' chùrsa cheàrr a' dol a-steach a Steòrnabhagh. A' dèanamh air 'Biastan Thuilm'.

1:55m: Tha rocaid ga leigeil às is HMY Iolaire a' dol air Biastan Thuilm. Tha i air a dhol às an rathad is na tha air bòrd.

De tha a' tachairt?

2:15m: Tha Murchadh a' leum dhan mhuir feuch am faigh e gu tìr.



2:30m: Tha Murchadh air a lathadh sa mhuir fhuar 's tha e a' dol fodha.

FIOSRACHADH

Iain Fionnlagh MacLeòid, 32. Le ghaisge, shàbhail e daoine nuair a leum e far HMY Iolaire le ròpa. Rinn e an cladach dheth, agus rinn e cobhair air 30 - 40 de na thàinig aiste beò.

3:15m: Tha HMY Iolaire a' cur car gu cli agus a' dol sìos domhainn fo na stuaghan. Tha grunnan a' faighinn chun a' chladaich, air èiginn.



Cuir thuige an teine, a Sheonag. Tha e cho fuar an-diugh...

Dùisg, a ghaoil. Bidh Dadaidh dhachaigh an-diugh...

Nì mi sin, 's bidh an taigh blàth do Mhurchadh.

Òòò. A Dhadaidh, greas ort; tha fadachd orm.

8:00m

Ò, a Mhurchaidh. Càit a bheil thu, a ghràidh? Tha mo chridhe a dhìth...

6:00m, Latha na Bliadhn' Ùire: An latha a' toiseachadh ann an Steòrnabhagh.

FIOSRACHADH

Thug an tubaist-mhara a bu mhiosa ann am Breatainn ri àm sìth buaidh air an eilean gu lèir. Thug call ginealach de dh'fhìreannaich fìor dhroch bhuidh air coimhearsnachdan nan eilean - dh'èirich còrr is 250 pàiste suas gun athair.



Sna lathaichean às dèidh na tubaist, choisich teaghlachan suas is sìos an cladach feuch am faigheadh iad lorg air cuirp an luchd-gràidh; bha mòran nach deach a lorg a-riamh.